

## Tarscabhaig le Gilleasbuig MacDhòmhnaill

Tha mapa ann a tharraing Blackadder ann an 1811. Bha boglach aig ceann shuas a' bhaile agus fadhlainn aig a' cheann shìos. Bha gàrradh *volcanic* eadar na dhà. Tha a' chlach an seo am measg nan clachan as sine san t-saoghal – clach-ghainmhich Thoirbheartanach agus Gneiss Leòdhasach. Tha an ùir an eisimeil nan creagan agus tha na lusan an eisimeil na h-ùire. Tha an ceann seo den Eilean gu tur eadar-dhealaichte bhon cheann a tuath. Bha am baile a' coimhead a-mach dhan iar-dheas agus tha abhainn a' dol troimhe agus 's e àite tarraingeach a bh' ann airson tuineachadh. Bha 4 no 5 de luchd-màil ann ach mu àm mapa Blackadder bha seo air èirigh gu ruige 11, ann am buidhnean mu thimcheall air àireamhan 29, 28 agus 24.

'S e teaghlaichean de Dhòmhnaill no de Chlann MhicFhionghana a bha san dàrna leth den luchd-mhàil. Bha triùir Robasdanach ann a bha às deòghainn tighinn a-staigh leis an dròbhaireachd à Siorrachd Pheairt. Bha an luchd-màil suidhichte ann an clachan den t-seòrsa àbhaisteach agus bha iad an eisimeil an fhearainn, a' chruidh Ghàidhealaich, a bha fada na bu lugha na tha iad san latha an-diugh. Cha robh na caoraich mhòra air tighinn a-staigh aig an àm sin fhathast ach bhiodh dòrlach chaorach Shoaigh aca is gobhar no dhà. Bhiodh daoine a' bruidhinn mu na geamhraidhean cruaidh, a' toirt a' chruidh dhan bhoglach is a' gearradh fèith san sgòrnan airson fuil a tharraing asta. Tha àite mar seo air monadh Tharscabhaig air a bheil an t-ainm, Lapach na Faladh.

Ann an 1799, chuir am Morair Dòmhnallach neach-sgrùdaidh an sàs air a chuid oighreachdan anns an Eilean Sgitheanach agus Uibhist a Tuath agus e am beachd tuathan a dhèanamh de na croitean beaga. Bha luach na clòimhe ag èirigh aig an àm agus chuir e roimhe a thuathan a chur ann an làmhnan thuathanach o cheann a deas na dùthcha – mar sin dheth, b' fheudar don luchd-mhàil falbh. Ach cha robh e ag iarraidh an luchd-màil a chall air eagal is gun cailleadh e am màl aca. Mar sin, chuir e bailtean croitearachd air dòigh – a leithid Tharscabhaig agus Chamas Chros. Chaidh innse do 267 luchd-màil anns an Eilean Sgitheanach na taighean aca fhàgail ann an 1801. Chuir cuid mhòr aca romhpa imrich a-nunn fairis. Chan e sin a bha os n-ear a' Mhorair Dhòmhnallaich idir, mar sin chuir e na planachan aige an dàrna taobh airson bliadhna eile – cha robh e ag iarraidh an luchd-obrach a chall a dhèanadh a' cheilp dha. 'S fheudar gu robh fios aige gun robh a' chis seòlaidh a-nunn air èirigh a' bhliadhna sin às dèidh na h-Achd (Passenger Vessels Act 1803) gu ruige £10. A dh'aindeoin sin, dh'fhàg 100 daoine Slèite ann an 1803 às dèidh na h-Achd. Chaidh saoghal an luchd-siubhail am feabhas air bòrd nan soithichean air sgàth na h-Achd ach chaidh a' chis seòlaidh suas gus am biodh e ro dhaor airson a' mhòr-chuid den luchd-mhàil.

Chaidh Tharscabhaig a sgrùdadh agus a' roinn ann an 31 croitean. Dh'fhàs àireamh an t-sluaigh trì uiread – bha 31 teaghlaichean a' fuireach a-nis far an robh 11. B' fheudar dhaibh dìg a dhèanamh airson am boglach a thràghadh gus nach cailleadh iad 6 de na lotaichean – dhinn iad a-staigh na b' urrainn dhaibh de lotaichean. Chì sinn anns an liosta mhàil ann an 1828 gur ann à ceàrnaidhean eile de Shlèite a thàinig a' mhòr-chuid de na daoine – bha 8 teaghlaichean Dòmhnallach ann, 3 de Chlann MhicFhionghana, 4 de Robasdanaich, 5 de Chlann 'ic a' Phearsain, 2 de Chlann 'illEathain, 2 de Chlann 'ic Aonghais à Muile agus às na seachd eile bha aon Chaimbeulach, 's dòcha à rèiseamaid a' Mhorair Dhòmhnallaich. 'S ann à Lionaigearraidh agus às a' Chill Bhig a thàinig dà theaghlach, a-nuas bhon ghleann às deòghainn a bhith air am fuadachadh. Cha robh achd màil ann aig an àm agus bha e cumanta aig an àm gun iarradh am Morair Dòmhnallach gun d' reigheadh aon mhac bhon teaghlach a-staigh don arm air neo chuireadh a' bhàirlinn air a' chroitear. Cha robh còir-ghabhaltais ann idir. Bha coitearan ann a

bha a' fuireach an cois a' chladaich agus bha iadsan na bu bhochda – Clann 'ic Nèill, Ambarsanaich, Clann 'ic Neacail. Chaidh lotaichean ath-roinn, bha 9 ann aig aon àm, agus tha trì air an ath-roinn fhathast. Bhiodh a' mhòr-chuid de na daoine an sàs ann an obair na ceilp. Cheannaicheadh an t-uachdaran a' cheilp aig prìs stèidhichte. Gheibheadh na croitearan £3 gach tunna agus gheibheadh an t-uachdaran £15. Mar sin, bhiodh esan toilichte an luchd-màil a chumail. Thòisich crìonadh air obair na ceilp mun bhliadhna 1820 nuair a thòisich iad air barilla a thoirt a-staigh bhon Spàinn. B' fheudar do dhaoine barrachd ceilp a dhèanamh aig prìs na b' ìsle agus sgap an gort air feadh na Gàidhealtachd. 'S ann airson obair na ceilp is an iasgaich a chaidh am baile a stèidheachadh ach a-nis cha robh luach annta agus bha am baile a' crìonadh. Cha robh còir-ghabhaltais aig na croitearan no smachd air am màl gu àm Achd nan Croitearan ann an 1886. Tro àm gort a' bhuntàta ann an 1846/7, chaidh muinntir Tharscabhaig fhasadh airson cidhe a thogail agus b' e bolla min am pàigheadh airson latha obrach. Dh'fhàsadh am fiabhras-dubh, a' bhuinneach-mhòr agus an caitheamh cumanta nuair a bhiodh bochdainn is gort ann. Cha robh an Taigh-dubh fallain – cha bhiodh ann ach aon dorast a bhiodh an crodh ag ùisneachadh cuideachd. Bha dà dhorast ann an cuid dhiubh air an robh an taigh-dubh fada. Bha balla eadar an crodh is na daoine ach cha robh fios aca gum biodh an crodh a' giùlan a' chaitheimh agus bha a h-uile teaghlach a' fulang leis a' ghalar seo.

Thàinig an Dealachadh ann an 1843 agus chaidh an Eaglais Shaor a thogail, air a' chladach, agus chaidh a h-ùisneachadh às dèidh làimh mar sgoil. Chaidh sgoil eile a thogail ann an 1876 faisg air Tòcabhaig airson clann Tharscabhaig, Thòcabhaig, Ach na Cloicheadh agus an Ùird. Bhon uair sin, tha an àireamh-sluaigh air crìonadh, gu h-àraid an dèidh a' Chiad Chogaidh agus an uair sin, tuilleadh eilthireachd agus an Dàrna Cogadh. Chan eil sgoil ann an Tarscabhaig a-nis, agus chan eil an Eaglais Shaor ann. Tha an sluagh a' fàs nas sine agus tha e a' cur uimhreachd orm an tuit an àireamh sìos gu 4 no 5 de luchd-màil a-rithist.

Chaidh a h-uile sìan airson an sgoil a thogail ann an 1876 a thoirt a-staigh air bàtaichean agus 's dòcha gur e sin as coireach gun deachaidh an seann sgoil a thogail air a' chladach. 'S ann às an àite fhèin a bha a' chlach. Chaidh am fiodh, an t-aol is na sglèatan a thoirt a-staigh air bàtaichean. 'S ann às an àite a bha na clachairean cuideachd, a leithid - Dai Beag nach maireann à Caileagarraidh – 's e a sheanair a thog sgoil Tharscabhaig. A thuilleadh air croitearan, bhiodh clachairean, saoir is tàillearan, saoir bhàtaichean is greusaichean. Tha dà thaigh thàillearan ann an Tarscabhaig agus làraichean eile, far a bheil Danny MacillEathain ann an Àird a' Bhàsair, aig a' Chnoc, Eilean Iarmain agus Fearann Dòmhnail.